

Bòrd MG ALBA – coinneamh an-àbhaisteach #2 (a' leantainn coinneamh 20/4/20)

Zoom
13/5/20

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:	Ailean Dòmhnallach (sa Chathair)	Donaidh MacAmhlaidh
	Iain Stephen Moireasdan	Iain Mac a' Mhaoilein
	Marion Nic na Ceàrdaich	Rhoda NicDhòmhnail
	Lisa Annette	Dùghall MacAmhlaigh
	Màiri Kidd	Ceit-Anna NicLeòid

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Iseabail Nic an t-Sagairt [IMT] (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)
Niall M Greumach [NMG] (Stiùiriche Ionmhais)
Ealasaid Dhòmhnallach [ED] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)
Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)
Uisdean MacLeòid [UM] (Manaidsear Obrachaidh: Teicneòlas) [airson puing 5]
Mairead Màiri Mhoireach, Ceannard Seirbheis BBC ALBA (airson puing 4)
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

Chaidh fàilte a chuir air Ceit-Anna NicLeòid chun chiad choinneamh aice.

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothaichean Dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh

- 20/4/20 – molaichte le Donaidh MacAmhlaidh agus daingnichte le Màiri Kidd.
- Gnothaichean ag èirigh

Fo 5.3 (còmhradh ro-innleachdail) chaidh innse gu robh dùil gun do thachair coinneamh leis a' BhBC air 12/5/20, gun tigeadh aithisg ann an ùine nach bi fada, ag amas air ceann-là san t-Sultain 2020 son crìoch air an obair.

4. Leudachadh air na Meadhanan Didseatach Gàidhlig

- 4.1 Bhruidhinn IMT agus NMG mun phàipear, a' toirt fiosrachadh do bhuill air ùrlaran agus susbaint gus leudachadh a dhèanamh air na meadhanan didseatach Gàidhlig.
- 4.2 *Ùrlaran*: bha taic a' bhùird ga shireadh airson a) sìneadh luchd-obrach agus ghoireasan MG ALBA gu bhith a' frithealadh ùrlar às leth co-bhanntachd BBC ALBA airson iomairt leantainneach air YouTube; b) iomairt cruinneachaidh (*aggregation of Gaelic content*) ùr airson stuthan didseatach Gàidhlig a thaisbeanadh agus c) leantainn ri iomairtean brosnachaidh airson daoine a bhith a' fèin-cruthachadh.
- 4.3 A thaobh a) gu h-àrd chaidh innse gu robh a' chosgais uile a' tighinn bho ath-riarachadh agus ath-òrdachadh air goireasan agus obrachaidhean taobh a-staigh na buidhne. Bha taic comhairleachaidh ga fhaighinn taobh a-staigh BBC Scotland bho leithid Content Discoverability agus The Social.
- 4.4 Chaidh a chomharrachadh gum biodh e feumail, aig àm eile, sealladh agus tuigse fhaighinn air oidhirpean margaidheachd agus *cross-promotion* agus ciamar a tha ceanglaichean gan dèanamh thar ùrlaran.
- 4.5 **Co-dhùnadh**: 1) dh'aontaich am bòrd ris an iomairt sìneadh gu YouTube; 2) dh'aontaich am bòrd a dhol air adhart leis an iomairt cruinneachaidh cho fad 's gun tigeadh an £50k bhon taobh a-muigh agus 3) dh'aontaich am bòrd ri bhith a' leantainn ri iomairtean brosnachaidh airson daoine a bhith a' fèin-cruthachadh.
- 4.6 **Gnìomhan**: 1) thèid fiosrachadh a thoirt chun bhùird aig àm iomchaidh air *cross promotion (IMT)*; 2) ni an sgioba àrd-stiùiridh còmhradh le buidhnean/riaghaltas/com-pàirtichean gus tagradh a dhèanamh airson an £50k.
- 4.7 *Susbaint ùr*: bha aonta a' bhùird ga shireadh iomairt airson £2.5m gach bliadhna airson susbaint ùr airson ùrlaran didseatach BBC ALBA, a dheigheadh a sgaoileadh fo bhratach brand ùr.
- 4.8 Bha tuigse ann gur e ceum air leth cudromach a bha seo mar cho-bhanntachd, a' togail air prionnsabalan na seanail agus daoine òga agus ùr fhaighinn chun na Gàidhlig agus chaidh fàilte a chuir air a' phàipear agus an iomairt.
- 4.9 Chaidh aithneachadh gu robh am buidheann an-dràsta a' sealltainn ri trì meuran leasachaidh - BBC ALBA, na 10 pròiseactan agus na meadhanan didseatach – agus gu robh feum air an

tuilleadh smaoineachaidh a dhèanamh air ciamar a bha iad a' fighe ri chèile agus ciamar a dheigheadh na diofar iarrtasan a chuir fa chomhair luchd-maoineachaidh, agus 's dòcha an coimhearsnachd, airson taic a thogail.

- 4.10 **Co-dhùnaidhean:** gu robh am bòrd a' cur an cuid taic ris a' mholadh agus an iomairt agus gu feumadh an tuilleadh obrach a bhith air a dhèanamh air ciamar a dheigheadh na prìomhachasan gu lèir an cuir an cèill còmhla agus air leth.
- 4.11 **Gnìomhan:** 1) gun tig pàipear gu Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus gu Comataidh Inbhean san t-Sultain gus sùil a thoirt air ionmhas agus ro-innleachd agus b) thèid pàipear a chuir air beulaibh a' bhùird san t-Sultain. (IMT)

5. Cosgais Cur an-gnìomh seanail neo-eisimeileach

- 5.1 Bhruidhinn NMG agus UM mun phàipear mu na cosgaisean a dh'fhaodadh a bhith an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh seanail ann an dòigh neo-eisimeileach bhon BhBC ach le taic a' BhBC.
- 5.2 **Co-dhùnadh:** gu lean sgrùdadh air nithean teicnigeach agus nithean practaigeach agus ionmhasail agus gun till pàipear chun bhùird san t-Sultain airson co-dhùnadh mu bhith a' fosgladh chòmhradh coimearsalta mu chosgaisean Sky, Virgin Media, Freeview agus Freesat.
- 5.3 **Gnìomhan:** thèid an tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh agus tilleadh pàipear chun bhùird san t-Sultain. (NMG)

6. GISBE

- 6.1 Covid-19
- 6.2 Luchd-obrach: chaidh innse gu bheil coinneamhan gan cumail gu cunbhalach le na Cathraichean gach seachdain. Tha am buidheann aig ìre seasmhach a thaobh a bhith ag obair bhon taigh, le sùil dha chuir a-nis air planaichean airson daoine a thilleadh chun àite-obrach nuair a bhios sin iomchaidh.
- 6.3 Riochdairean/prògraman – coinneamhan a' leantainn le solarachaidhean agus riochdairean, le 1:1s. 'S e am prìomh rud an-dràsta a bhith a' greimeachadh air na cosgaisean a bharrachd a bhios ann a' leantainn stiùir am British Film Commission air clàradh taobh a-staigh modhan ùra social distancing, a' toirt buaidh air ar maoin a tha mu thràth fo uallach ri linn buidseatan teann, a' breithneachadh air dè a' bhuidheann a bhios air modailean riochdachaidh.
- 6.4 Chaidh a dhaingnachadh gun deach iarrtas chun Riaghaltas airson £1m a bharrachd gus na cosgaisean a dh'fhaodadh a bhith ann a ghiùlain agus gu robhas a' feitheamh freagairt.

6.5 Spòrs – tha buidheann-obrach an SPFL a’ coimhead ri cùisean le clàr ama den Lùnastal.
Cuideachd thathas a’ coimhead thall thairis airson spòrs.

7. **Deit na h-ath choinneimh** – 9/6/20, Zoom.

Ainm sgrìobhte a’ chathraiche:

Deit: